

**GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH**

*'S urrainn dhomh tuairisgeul a thoirt air diofar ghnèithean sgrìobhaidh Thormoid.*


- Cuir taghadh de theacsaichean ann an seataichean ghnèithean sgrìobhaidh
- Cruthaich 'taisbeanadh ghnèithean' le cuid de theacsaichean Thormoid.

*'S urrainn dhomh na teacsaichean aige a sgrùdadh.*

- Coimhead ri pìos sònraichte, a' cleachdadh dòighean lèirmheis litreachais.
- Cruthaich goireasan a thèid an cois teacsaichean Thormoid do sgoilearan òga.

*'S urrainn dhomh mo theacsaichean fhìn a sgrìobhadh, stèidhichte air stoidhle sgrìobhaidh Thormoid.*

- An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air teacsa agus goireasan a chruthachadh, cruthaich teacsa às ùr stèidhichte air stoidhle an teacsa a roghnaich thu.
- Cuimhnich air a' chòmhdach – beulaibh is cùl an leabhair, le geàrr-iomradh air a' chùl.



**CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH**

Dè an taic a tha sinn a' faighinn gus gnè an teacsa aithneachadh?

Dè a rinn an t-ùghdar gus an teacsa a dhèanamh tlachdmhor?

Dè mar a dh'atharraicheadh tu aon earrann den teacsa?

Dè na stoidhlichean a ghabhadh cleachdadh san teacsa agad fhèin gus a dhèanamh tlachdmhor do chloinn òga?



**CEANGLAICHEAN/GOIREASAN**

<http://www.acairbooks.com/>

<http://tocasaid.blogspot.co.uk/2015/05/tormod-bhocsaair.html>

*Bidh mi tric a' taghadh agus ag èisteachd ri no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha mi a' meas inntinneach, agus is urrainn dhomh mineachadh carson as fheàrr leam seòrsaichean àraidh.*

*Bidh mi gu tric a' taghadh cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan airson teacsaichean dem roghainn fhìn a chruthachadh.*

LIT 1-01a/LIT 2-01a

*Bidh mi gu tric a' taghadh agus a' leughadh, ag èisteachd no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha inntinneach dhomh agus is urrainn dhomh innse carson as fheàrr leam teacsaichean agus ùghdaran àraidh.*

LIT 1-11a/LIT 2-11a

*Airson sealltainn na tha mi a' tuigsinn ann an diofar roinnean ionnsachaidh, 's urrainn dhomh adhbhar agus prìomh chuspairean teacsa aithneachadh, beachdachadh orra agus am fiosrachadh a tha a' cur taic riutha a chur gu feum.*

LIT 2-16a

*Airson mo thuigse a shealltainn, is urrainn dhomh dèiligeadh ri ceistean litireil, ceistean mu bhrìgh aithris agus ceistean measaidh agus ri obair dlùth-leughaidh eile, agus 's urrainn dhomh mo cheistean fhìn a chruthachadh.*

GAI 2-17a

*'S urrainn dhomh:*

- bruidhinn air structar, caractaran agus/no suidheachadh
- tuigsinn dè cho freagarrach 's a tha cuspair an sgrìobhaiche agus mar a tha seo a' buntainn rim eòlasan fhìn agus eòlasan dhaoine eile
- bruidhinn air stoidhle an sgrìobhaiche agus feartan eile a' buntainn ri genre.

GAI 2-19a

*An dèidh nan eileamaidean a bhios sgrìobhaichean a' cleachdadh ann an diofar genres a rannsachadh, 's urrainn dhomh na ionnsaicheas mi a chur gu feum airson mo sgeulachdan, dàin is deilbh-chluich fhìn a chruthachadh, le structar inntinneach agus iomchaidh, caractaran inntinneach agus/no suidheachaidhean a tha a' tighinn beò.*

GAI 2-31a

